

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 9 DÙBHLACHD 2015

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar-Neach-gairm
	William Swann	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	Donna Smith	Ceannard Siostaman Fiosrachaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimsein
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	Jane Thomas	Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, Geàrr-chunntas
	David Wright	SGRPID, Inbhir Nis
	Anne Williamson	Oifigear Riaghlaidh Obair-cùise (13:10f –14:18f)

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan bho Mhìcheil Nugent, Riaghaltas na h-Alba.

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich an Neach-gairm com-pàirt ann an Nì 14b, 17/18 Cille MoLuaig.

Dh'fhoillsich an t-Iar-Neach-gairm MacDhòmhnail com-pàirt ann an cùis Mhangarstaidh.

Dh'fhoillsich an Coimiseanair MacIlinnein com-pàirt ann an Nì 14a, cùis Ionaltraidh Coitcheann Hùisinis agus cùis Mhangarstaidh.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS 4 SAMHAIN 2015

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 4 Samhain 2015 le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Bu chòir teacs Atharraichte/A bharrachd
4	7	2	Atharraich an litreachadh air 'Macova' gu 'Lackova'.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Cha robh Puingean Gnìomha sam bith bhon choinneamh mu dheireadh air 4 Samhain 2015.

5 PÀIPEAR ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

(a) Poileasaidh Bacadh Foill

Chomhairlich Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach, a' leantainn iarrtas bho Choimiseanairean airson tuilleadh fiosrachaidh mu fhoirm Foillseachaidh Com-pàirt a tha air a thoirt do Choimiseanairean, gu bheil na Coimiseanairean uile riarachta leis a' Phoileasaidh Bacadh Foill.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear Poileasaidh Bacadh Foill.
-------------------	---

(b) Pàipear goirid air Iarrtas

Chuir an Ceannard Poileasaidh am Pàipear air adhart, a tha a' leantainn air a' Phàipear a chuireadh air beulaibh Coinneamh Bùird na Samhna, agus a tha a' geàrr-iomradh air beachdachadh a' Choimisein a thaobh iarrtas airson gabhaltasan croite ann an co-theacs a bhith a' dearbhadh thagraidhean riaghlaidh. Tha e a' moladh riatanasan a' Choimisein airson tagraidhean fo earrann 58A agus cuideachd tagraidhean di-chroitidh.

Chaidh dragh a nochdadh mun chùis a thaobh fios a bhith air iarrtas ann airson croitean ann an sgìrean nan Coimiseanair fhèin, agus chaidh aontachadh gum bu chòir do Choimiseanairean a ràdh an urrainn dhaibh iomradh a thoirt air iarrtas no nach urrainn. Chan eilear a' dùileachadh gum bi fios aca a bheil iarrtas anns a h-uile ceàrnaidh den sgìre aca.

Thuir Daibhidh Wright bho SGRPID gun robh e air comhairleachadh don luchd-obrach aige gun robh e glè chudromach nach robh iad a' clàradh am beachd phearsanta fhèin a thaobh iarrtas sna h-aithisgean aca. Chomhairlich an t-Àrd-oifigear gum bi deagh stiùireadh a thaobh iarrtais air a chur gu luchd-obrach RPID.

Chaidh aontachadh nuair a tha croit falamh air a shanasachd leis a' Choimisean, gum bu chòir iarrtas sam bith air a nochdadh le tagraichean a bhith air a chlàradh agus gabhadh seo a chleachdadh gus iarrtas airson tagraidhean eile a thomhais.

Tha an Coimisean a' tuigsinn ged a dh'fhaodadh iarrtas làidir a bhith ann airson croitean ann an sgìrean sònraichte, glè thrìc tha na cosgaisean a tha na lùib ro àrd agus chan urrainn do dhaoine ruighinn orra.

Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear airson molaidhean.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear agus na molaidhean a leanas: Cha bheachdaich an Coimisean ach air nochdaidhean iarrtais sònraichte a tha a' buileachadh bhon fhios phoblach, nuair a thathar a' dearbhadh thagraidhean air an còmhach le earrann 58A. Ann am beachdachadh air tagraidhean di-chroitidh, beachdaichidh an Coimisean air iarrtasan a' buileachadh bhon fhios phoblach, a thuilleadh air beachd fiosraichte a' Choimiseanair, ma ghabhas sin a dhèanamh.
-------------------	---

	<p>Bidh an Coimisean mothachail do stiùireadh buntainneach sam bith bho Chùirt an Fhearainn, agus atharraichidh e a phoileasaidh mar a bhios riatanach.</p> <p>Bidh nochdadh air iarrtasan sam bith a gheibhear nuair a tha croitean falamh air an sanasachadh leis a' Choimisean, air an clàradh agus air an cleachdadh gus iarrtas a thaobh thagraidhean a thomhais.</p>
--	--

6 ÙR-FHIOSRACHADH PHÀIGHIDHEAN CAP BHO DHAIBHIDH WRIGHT, SGRPID

Chomhairlich Daibhidh Wright bho SGRPID gun robh litrichean Phàighidhean CAP a' mìneachadh phàighidhean is chlàran-ama do dh'achaidhean far nach eil crìochan air atharrachadh, air an cur a-mach gu tagraichean aig toiseach na Dùbhlachd agus gum biodh pàighidhean air an cur a-mach ann an dà phàirt: deireadh na Dùbhlachd agus an còrr sa Ghiblean.

Tha loidhne-cuideachaidh fòn air a cur air bhonn ann an Dùn Èideann, ged a dh'fhaodas tagraichean fhathast fònadh gu Oifisean Sgìreil.

Chomhairlich cuid de Choimiseanairean nach robh iad air na litrichean aca fhaotainn fhathast agus dh'aontaich Mgr Wright seo a rannsachadh nuair a thilleadh e don oifis.

Tha rannsachaidhean a thaobh achaidhean far a bheil na crìochan air an atharrachadh a' dol air adhart, agus tha na litrichean sin ri dhol a-mach fhathast.

Chomhairlich Mgr Wright gu bheil luchd-obrach RPID fo chuideam oir is e siostam toinnte a th' ann, ach tha iad an dòchas gum bi pàighidhean CAP air an cur a-mach ann an àm.

Nochd Coimiseanairean dragh gun robh obair a' càrnadh, gu h-àraid ann an Steòrnabhagh agus sgìre an Òbain. Chomhairlich an t-Àrd-oifigear gum bruidhneadh i ri Roy McLachlan sa bhad mun chùis, agus thuir Mgr Wright gun toir e seo air ais do dh'oifisean RPID.

Thug an Neach-gairm taing do Mhgr Wright airson Coinneamh a' Bhùird a fhrithealadh an-diugh agus dh'fhàg Mgr Wright an seòmar aig 10:30m.

7 ÙR-FHIOSRACHADH BUIDHEANN-OBACH GEÀRR-AMA

Cha robh càil ri aithris seach nach robh daoine bho STWG air coinneachadh bhon Choinneamh Bùird mu dheireadh.

8 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN PLANAICHTE AGUS/NO FRITHEILTE

Neach-gairm MacDhòmhnail – Fhritheil agus stiùir e aig Co-labhairt Luchd-ùidh Croitearachd san Àm ri Teachd air 4 Dùbhlachd, agus 's e latha math a bh' ann. Chaidh mòran cuideim a chur air cruthachadh àireamhan mòra de chroitean ùra, ach tha uimhir de chroitean gun fheum agus gun robh an Coimisean a' faireachdainn gun robh e nas cudromaiche dèiligeadh leothasan an toiseach. B' e am faireachdainn san fharsaingeachd bhon Cho-labhairt nach robh cuideam sam bith air a' Choimisean gu croitean ùra a chruthachadh, ach airson Riaghaltas na h-Alba a thoirt air adhart.

Bha deasbad ann mu leasachadh croitearachd a bhith ga chur air adhart gu HIE agus mar a tha dleastanas coitcheann HIE co-cheangailte ri cruthachadh obraichean agus coimhearsnachdan fulangach, agus chan eil goireas sam bith aca airson pàigheadh thabhartasan. Cuideachd, chan eil gnothachasan beaga ann an dleastanas HIE mura h-eil iad gu sònraichte a' feuchainn ri obraichean a chruthachadh.

Feumar dèiligeadh leis an seo agus dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear sgrìobhadh gun Mhinistear, a' togail air draghan a' Choimisein agus a choinneachadh gu neo-fhoirmeil le Àrd-Oifigear HIE.

Ann an òraid a' Mhinistear aig a' Cho-labhairt Croitearachd, chaidh a thogail air leasachadh croitean mar aon de chòig prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba airson an ama ri teachd.

Tha an Coimisean airson coinneamh a chumail san Fhaoilleach agus bidh leasachadh croitearachd air a' chlàr-ama.

Co-dhùnadh	Tha an Coimisean airson dèiligeadh le cùis leasachaidh croitearachd. Coinnichidh an t-Àrd-Oifigear leis an CEO aig HIE, agus sgrìobhaidh e gun Mhinistear gus togail air draghan a' Choimisein.
-------------------	--

Fhrithheil Iar-Neach-gairm MacDhòmhnail a' choinneamh leis a' Mhinistear air 9 Samhain, fhrithheilidh e Coinneamh NFUS air 15 Dùbhlachd, agus Lòn Nollaig a' Choimisein air 18 Dùbhlachd.

Coimiseanair Swann – cha robh càil aige ri aithris.

Coimiseanair MacIlinnein – Bha dà choinneamh aige le Comataidhean Ionaidh, fhrithheil e Coinneamh Co-chomhairleachaidh Eunson, Trèanadh Riaghlaidh ann an Dùn Èideann, tadhailidh e ann am Barraigh an-ath-sheachdain agus Coinneamh Bhliadhnail Riochdairean Chaorach Leòdhais air 18 Dùbhlachd.

Coimiseanair Dennis – Fhrithheil Coimiseanair Dennis Coinneamh a' Mhinistear air 9 Samhain, Coinneamh Lèirsinn airson Àiteachais air 16 Samhain, coinneamh ann an Cinn Drochaid le Roinn Stiùireadh Fearainn aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, agus coinneamh Buidheann Cleachdadh Fearann na h-Alba.

Coimiseanair Pirie – Fhrithheil e Fèill Reic prìomh stuic ann an Arcaibh, coinneamh a' Mhinistear air 9 Samhain, agus tiodhlacadh tuathanaich ann an Arcaibh.

Coimiseanair Caimbeul – Fhrithheil e Coinneamh a' Mhinistear air 9 Samhain, Coinneamh Co-chomhairleachaidh Eunson, a' Cho-labhairt Croitearachd agus fhrithheilidh e Lòn Nollaig a' Choimisein air 18 Dùbhlachd.

Coimiseanair Sinclair – Fhrithheil i Coinneamh a' Mhinistear air 9 Samhain agus coinneamh den NFU ann an Sealtainn.

Neach-gairm – Fhrithheil i Coinneamh Thar-Phàrtaidh ann an Dùn Èideann, coinneamh ionaidh ann an Steòrnabhagh, Coinneamh a' Mhinistear air 9 Samhain, Coinneamh Co-chomhairleachaidh Eunson agus Coinneamh Lèirsinn airson Croitearachd.

Chomhairlich an Ceannard Poileasaidh, Iain Toal, gun robh e air Seirbheis Cuimhneachaidh a fhrithéaladh o chionn ghoirid dha Ailean MacRath à Asainte, aig an robh àite cudromach sa choimhearsnachd aige.

Thug an Neach-gairm taing do Mhgr Toal airson an t-Seirbheis Cuimhneachaidh a fhrithealadh às leth a' Choimisein.

9 ÙR-FHIOSRACHADH CIS

Chomhairlich Ceannard IS gun robh togail air an t-siostam ùr coimpiutaireachd (CIS) a' dol gu math. Tha luchd-obrach ag obair aig an àm seo air dìon dàta a tha air an t-siostam làithreach CAD, agus ag in-mhalairt dàta bhon t-seann siostam chun an t-siostaim ùir. Tha am prìomh dhàta air a dhìon uile.

Den 34 sruth-obrach dheatamach, tha 22 air an crìochnachadh airson an t-siostaim ùir. Tha tòrr mòr obrach a' dol air adhart agus thathar an dòchas gum bi an ceann-latha airson a dhol beò aig toiseach a' Ghearrain 2016.

10 ÙR-FHIOSRACHADH CUNNTAIS

Chomhairlich Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach gun robh ullachadh airson sgaoileadh air foirmean Cunntais 2015 a' dol gu math. Bidh 18,000 litir àbhaisteach agus foirmean a' dol a-mach air no mu 31 Dùbhlachd, le 1,600 airson roinnean ionaltraidh a-mhàin.

Den 9,000 atharrachadh a chaidh aithris bho Chunntas 2014, tha iad uile ach 158 dhiubh air an ath-ùrachadh agus chan fhaigh na 158 croitean a tha air fhàgail foirm Cunntais ùr, ach an àite sin gheibh iad litir a' mìneachadh na cùise dhaibh.

Bha an Coimisean airson taing a thoirt don luchd-obrach uile a bha an sàs ann an dèiligeadh leis a' Chunntas agus na h-atharrachaidhean dàta, agus dh'iarradh gun deigheadh fios-naidheachd a-mach gus innse don phoball mun ath-ùrachadh as motha a-riamh air a' Chlàr Croitean ann an 60 bliadhna, agus a dhaingneachadh gu bheil e glè chudromach Cunntas 2015 a lìonadh.

Co-dhùnadh	Dh'iarr an Coimisean gun deigheadh fios-naidheachd a-mach gus innse don phoball mun ath-ùrachadh as motha a-riamh air a' Chlàr Croitean ann an 60 bliadhna, agus a dhaingneachadh cho cudromach 's a tha e an Cunntas 2015 a lìonadh.
-------------------	--

11 ÀITEACHAS NA h-ALBA SAN ÀM RI TEACHD

Chuir an Ceannard Poileasaidh Pàipear air adhart, a tha a' dèiligeadh le sgrìobhainn deasbaid bho Riaghaltas na h-Alba mu Àiteachas Albannach san Àm ri Teachd.

Chaidh dragh a nochdadh gun robh dìth an fhacail 'croitearachd' san sgrìobhainn agus ged a thathar a' tuigsinn nach eil croitearachd aig a theis meadhain, cha bu chòir a chur gu aon taobh.

Rinn buidheann den Choimisean deasbad air san t-Samhain agus tha freagairt a' togail air cudromachd croitearachd air a dhreachadh.

Is e deireadh a' Mhàirt 2016 an ceann-latha deireannach airson bheachdan ach bha an Coimisean riarachta am freagairt a chur an-dràsta.

Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear agus bha iad airson meal-a-naidheachd a chur air a' Cheannard Poileasaidh airson freagairt sàr-mhath don sgrìobhainn a dhreachadh.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear.
-------------------	--

12 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

3 Gearran 2016 – Taigh a’ Ghlinne Mhòir

13 GNOTHACH DEATAMACH SAM BITH

(a) Bha an Coimiseanair MacIllinnein airson taing a thoirt don luchd-obrach a thaobh na h-Aithisg Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte a chaidh a sgaoileadh gu Coimiseanairean o chionn ghoirid. Thug e fa-near an 70% de na cùisean air an deach co-dhùnadh sna h-Eileanan an Iar agus b’ e adhbhar glè mhath a bha seo airson obraichean a chruthachadh sna h-Eileanan an Iar.

(b) Aithisg mu Ionaltradh Coitcheann Choil Uraich

Mus beachdaicheadh air a’ chùis, chomhairlich an Neach-gairm gun robh e air dà ghairm fòn fhaighinn mu Ionaltradh Choil Uraich: aon bho Ìomhair MacMhathain agus fear eile bho Choinneach MacLeòid. An dà thuras, chomhairlich e don luchd-gairm fios a chur gun oifis ann an Taigh a’ Ghlinne Mhòir. Thàinig litrichean gun Choimisean agus thathar a’ dèiligeadh leis tro na sianalan ceart. Chomhairlich an Neach-gairm gun do fhritheil e fhèin agus an t-Iar-Neach-gairm coinneamh ann an Col Uarach o chionn ghoirid, còmhla ri Linda Gourlay, Manaidsear Ionaltraidh.

Chomhairlich an t-Iar-Neach-gairm MacDhòmhnaill air an t-slighe a-mach bhon choinneamh ann an Col Uarach, gun tuiirt Clàrc an ionaltraidh choitcheann ris, *“Tha mi mì-thoilichte mu stiùireadh na coinneimh seo. Cò thuige a sgrìobhas mi?”* Thuir an t-Iar-Neach-gairm, *“Ma tha thu mì-thoilichte leis, bu chòir dhut sgrìobhadh gu Catriona NicIlleathain, an t-Àrd-Oifigear.”*

Chomhairlich an Coimiseanair MacIllinnein gun robh e air gairm fòn fhaighinn a thaobh stiùireadh na coinneimh agus gun do chomhairlich e bruidhinn ris an oifis ann an Taigh a’ Ghlinne Mhòir.

Thuir an Coimiseanair MacIllinnein gun robh Mgr MacÌomhair bho Chomataidh Ionaltraidh Choil Uraich air tadhal air Dihaoine a chaidh agus thuir e ris nach robh e a’ dol a dheasbad air nì sam bith co-cheangailte ris a’ chùis seo on nach robh e aig a’ choinneamh, agus gum biodh a’ chùis air a deasbad aig Coinneamh a’ Bhùird. Bha Mgr MacÌomhair air a ràdh nach robh e ach airson a ràdh gun robh clàran air an cumail gu ceart na bheachd-san, agus sheall e do Choimiseanair MacIllinnein gearr-chunntasan eachdraidheil a’ dol air ais gu na 1980an. Thuir e gun robh na bheachd-san na h-aithrisean ionmhasail ar an cumail gu ceart. Cha tug Coimiseanair MacIllinnein seachad beachd sam bith, agus tha e den bheachd nach bu chòir don choinneamh seo a chumail bho dheasbad barrachd air a’ chùis.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robh litrichean air fhaighinn agus gun robh i a’ tional fiosrachaidh. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gu bheil am baile aice ri taobh Chol Uarach ach chan eil ceangal aice ri duine sam bith ann an Col Uarach.

Chuir an t-Àrd-Oifigear am Pàipear sios, a bha mu dheidhinn rannsachadh air Earrann 47(8).

Fhuair e dà litir gearain mu ghiùlain na comataidh ionaltraidh agus tha e ri fhaotainn fon Ionnsramaid Tiomnaidh le Coimiseanairean fa leth gus co-dhùnaidhean a dhèanamh air imrich no eile air aon bhall no an comataidh ionaltraidh air fad. Ach sa

chùis shònraichte seo, bhathar a' faireachdainn air sgàth toinnteachd nan cùisean gun cumaist coinneamh ionadail agus chaidh a' choinneamh a choileanadh mar Èisteachd. Tha an aithisg bhon choinneamh sin agus fiosrachadh eile air a thional leis an Sgioba Riaghaidh mar bhunait don Phàipear seo.

Tha e a' tighinn chun a' Bhùird oir tha e buailteach àireamh de chùisean a thogail a dh'fhàsas nas cumanta fhad 's a bhios comataidhean ionaltraidh a' faicinn barrachd chothroman leasachaidh, agus cuideachd gus stiùireadh fhaighinn bhon Bhòrd mun phròiseas a bu mhath leotha fhaicinn ga thoirt air adhart.

Air duilleag 5 den Phàipear fo 'Sgrùdadh nan cunntasan,' dh'iarr an Coimisean gum biodh na facail 'no (ii) sireadh atharrachadh air na Riaghailtean gus an riatanas sgrùdaidh a thoirt às' a bhith air a thoirt air falbh.

Dh'iarr an Coimisean gum biodh Pàipear air ullachadh airson Coinneamh Poileasaidh ann an Leasachadh sa Ghearran a bhios a' coimhead ris a' ghiullachd air gearanan Earrann 47(8).

An dèidh deasbaid, dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir litir a dhol gu Comataidh Ionaltraidh Choil Uraich gan comhairleachadh mu na cùisean a dh'fheumas iad a cheartachadh, agus a' toirt dhaibh ùine de 3 mìosan airson gèilleadh dha. Feumaidh a' Chomataidh freagairt a chur gun Choimisean ron cheann-latha 3 mìosan. Mura h-eil na cùisean air am fuasgladh an taobh a-staigh an raoin-ama sin, bidh a' Chomataidh air imrich agus bidh Connstabal no Oifigear Sgrùdaidh airson an t-Ionaltradh a ruith.

Cha bhi sineadh sam bith air an ùine 3 mìosan mura h-eil adhbhar cudromach ann airson freagairt a bhios fadalach, agus anns an t-suidheachadh sin bidh aon mhìos eile ceadaichte airson na cùisean fuasgladh.

Chaidh an Coimisean tro gach gearan a bha air an togail sa Phàipear agus cho-dhùin iad gun robh feadhainn le 'feum' air gèilleadh dhaibh an taobh a-staigh 3 mìosan, feadhainn eile do am bu 'chòir' gèilleadh an taobh a-staigh 3 mìosan, no feadhainn do am 'faodadh' gèilleadh an taobh a-staigh 3 mìosan, mar a leanas:

Gearanan 1, 2 is 4: ùine choinneamhan comataidh agus an AGM

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Feumaidh

Dàrna paragraf – Feumaidh

Tritheamh paragraf – Dh'fhaodadh

Gearanan 3, 12, 13 is 14: Maoinean baile, ath-thòiseachaidhean / fearann air a thoirt a-mach às an ionaltradh choitcheann, clàradh croite agus maoinean sgeama coilltearachd croiteir.

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Feumaidh

Dàrna paragraf – Imrich

Tritheamh paragraf – Imrich

Gearan 5 – Fo-roinneadh

Gnìomhan molta: Bu chòir

Gearan 6 – Sùmaidhean

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Bu chòir (chiad phàirt), Dh'fhaodadh (dàrna pàirt)

Dàrna paragraf – Dh'aontaich am Bòrd gur e puing gnìomha don Choimisean, obrachadh còmhla ri comataidhean a thaobh ath-ùrachadh air Riaghailtean.

Gearan 6 – Cìs Sealbhadair-stuic Roghnach

Gnìomhan molta:

Chiad pharagraf – Feumaidh

Dàrna paragraf – Atharraich na facail gus a ràdh ‘Bu chòir don chomataidh na seann sgeamaichean ath-ùrachaidh an ath-sgrùdadh, agus beachdachadh air am bu chòir an toirt gu crìch agus gnìomh iomchaidh a choileanadh às dèidh beachdachaidh mar sin’.

Gearan 7 – Crìochan baile agus cuingealachadh air stoc no gnìomhachdan bho phàirt den ìonaltradh (machair agus monadh)

Cha robh gnìomhan sam bith air am moladh.

Gearanan 9 is 10: Tairbh is Rùdan

Gnìomhan molta:

Chiad pharagraf – Dh’fhaodadh

Sgrùdadh chunntasan (chan eil coltas gu bheil e co-cheangailte ri gearan sònraichte)

Gnìomhan molta: Feumaidh

Puingean deireannach

Gnìomhan molta:

Puing dheireannach – atharraich na facail gus a ràdh ‘beachdachadh air buill na comataidh agus an clàrc imrich’.

Dh’aontaich an Coimisean gum bi an co-dhùnadh ma dh’fheumar e, a thaobh cò an Connstabal no an t-Oifigear Rannsachaidh, air a ghabhail leis an Neach-gairm, Iar-Neach-gairm agus an t-Àrd-Oifigear bho na trì ainmean air an aontachadh aig Coinneamh Bùird na Samhna.

Feumaidh am pròiseas a thaobh cur Comataidh a-mach à oifis a bhith air a sgrùdadh.

Dh’aontaich an Coimisean gum bi suas gu 10 Màrt 2016 aig Comataidh Ìonaltraidh Choil Uraich airson freagairt don litir co-dhùnaidh.

Co-dhùnadh	<p>Dh’iarr an Coimisean gum biodh Pàipear air ullachadh airson Coinneamh Poileasaidh ann an Leasachadh sa Ghearran a bhios a’ coimhead ris a’ ghiullachd air gearanan Earrann 47(8).</p> <p>Dh’aontaich an Coimisean gum bu chòir litir a dhol gu Comataidh Ìonaltraidh Choil Uraich gan comhairleachadh mu na cùisean a dh’fheumas iad a cheartachadh, agus a’ toirt dhaibh ùine de 3 mìosan airson gèilleadh dha. Feumaidh a’ Chomataidh freagairt a chur gun Choimisean ron cheann-latha 3 mìosan. Mura h-eil na cùisean air am fhuasgladh an taobh a-staigh an raoin-ama sin, bidh a’ Chomataidh air imrich agus bidh Connstabal no Oifigear Sgrùdaidh airson an t-ìonaltradh a ruith.</p> <p>Cha bhi sìneadh sam bith air an ùine 3 mìosan mura h-eil adhbhar cudromach ann airson freagairt a bhios fadalach, agus anns an t-suidheachadh sin bidh aon mhìos eile ceadaichte airson na cùisean fhuasgladh.</p> <p>Chaidh an Coimisean tro gach gearan a bha air an togail sa Phàipear agus cho-dhùin iad gun robh feadhainn le ‘feum’ air gèilleadh dhaibh an taobh a-staigh 3 mìosan, feadhainn eile do am bu ‘chòir’ gèilleadh an taobh a-staigh 3 mìosan, no feadhainn do am ‘faodadh’ gèilleadh an taobh a-staigh 3 mìosan, mar a leanas:</p> <p>Gearanan 1, 2 is 4: tìmeadh choinneamhan comataidh agus an</p>
-------------------	--

AGM

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Feumaidh

Dàrna paragraf – Feumaidh

Trìtheamh paragraf – Dh'fhaodadh

Gearanan 3, 12, 13 is 14: Maoinean baile, ath-thòiseachaidhean / fearann air a thoirt a-mach às an ionaltradh choitcheann, clàradh croite agus maoinean sgeama coilltearachd croiteir.

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Feumaidh

Dàrna paragraf – Imrich

Trìtheamh paragraf – Imrich

Gearan 5 – Fo-roinneadh

Gnìomhan molta: Bu chòir

Gearan 6 – Sùmaidhean

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Bu chòir (chiad phàirt), Dh'fhaodadh (dàrna pàirt)

Dàrna paragraf – Dh'aontaich am Bòrd gur e puing gnìomha don Choimisean, obrachadh còmhla ri comataidhean a thaobh ath-ùrachadh air Riaghailtean.

Gearan 6 – Cìs Sealbhadair-stuic Roghnach

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Feumaidh

Dàrna paragraf – Atharraich na facail gus a ràdh 'Bu chòir don chomataidh na seann sgeamaichean ath-ùrachaidh an ath-sgrùdadh, agus beachdachadh air am bu chòir an toirt gu crìch agus gnìomh iomchaidh a choileanadh às dèidh beachdachaidh mar sin'.

Gearan 7 – Crìochan baile agus cuingealachadh air stoc no gnìomhachdan bho phàirt den ionaltradh (machair agus monadh) Cha robh gnìomhan sam bith air am moladh.

Gearanan 9 is 10: Tairbh is Rùdan

Gnìomhan molta:

Chiad paragraf – Dh'fhaodadh

Sgrùdadh chunntasan (chan eil coltas gu bheil e co-cheangailte ri gearan sònraichte)

Gnìomhan molta: Feumaidh

Puingean deireannach

Gnìomhan molta:

Puing dheireannach – atharraich na facail gus a ràdh

'beachdachadh air buill na comataidh agus an clàrc imrich'.

Dh'aontaich an Coimisean gum bi an co-dhùnadh ma dh'fheumar e, a thaobh cò an Connstabal no an t-Oifigear Rannsachaidh, air a ghabhail leis an Neach-gairm, Iar-Neach-gairm agus an t-Àrd-Oifigear bho na trì ainmean air an aontachadh aig Coinneamh Bùird na Samhna.

14 ÀS-DHÙNADH A' PHOBAILL 'S NA MEADHANAN

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 14:40f.